

Faclairean

AI: TSAI

- carson agus ciamar a bhios sinn a' cleachdadh fhaclairean
SS: Thèid aig
- a h-uile duine air innse carson a bhios sinn a' cleachdadh fhaclairean
- a' mhòr-chuid air innse ciamar a bhios sinn a' cleachdadh fhaclairean
- feadhainn air faclair a chleachdadh



Carson?

- Tha mu 250, 000 facal Beurla agus co-dhiù 100, 000 facal Gàidhlig ann.
- Ged nach eil iad uile anns gach faclair, tha an fheadhainn as cumanta ann.
- 'S e an Oxford English Dictionary am faclair as motha a th' ann. A h-uile bliadhna bidh iad a' cur-ris nam faclan ùra a tha air an cruthachadh.
- Sa Mhàrt 2014 chaidh faclan leithid 'beatbox', 'Blu-tac', 'wakadoo', agus 'bestie' a chur ann. Tha sin a' ciallachadh gur e faclan oifigeil a th' annta a-nis.
- Bidh cuid de fhaclairean ag innse dè an seòrsa facail a th' ann: me, buadhair, gnìomhair no ainmear.

Smaoinich, Cuide ri Caraid, Inns

Cuin a bhios sinn a' cleachdadh faclair?

Cia mheud eisimpleir a gheibh sibh?



Cuin?

Bidh sinn a' cleachdadh faclair airson...

- litreachadh ceart a lorg
- mìneachadh facail a lorg
- an seòrsa facail a lorg – ainmear, gnìomhair no buadhair?
- barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu fhaclan
- fèin-ionnsachadh – a' faighinn a-mach thu fhèin!
- sgilean rannsachaidh
- d' eòlas fhèin a leudachadh
- tha e air-loidhne cuideachd
- tha e feumail airson sgilean ICT!



Coltas Faclair

Bruidhinn ri do charaid mu na feartan aig faclair.

Bi deiseil airson innse dhan chlas.



Feartan Fhaclairean

Tha na faclan ann an **colbhan**

Tha fiosrachadh annta mu ghràmar,
ainmean àite agus daoine

Tha am facal fhèin ann an **clò-trom**
no **dath**

Tha tiotal eadar-dhealaichte air gach
faclair

Tha **mìneachadh** an fhacail ri a thaobh

Dè an seòrsa facail a tha ann? me
Buadhair, Ainmear, Gnìomhair

Tha facal anns an oisean air gach duilleag







Feartan Fhaclairean

Coimhead tro na duilleagan a-nis. A bheil thu a' mothachadh do rud sam bith?



Feartan Fhaclairean

Bu chòir dhut mothachadh gu bheil na faclan ann an **òrdugh na h-aibidil**



Cuir na faclan seo ann an òrdugh!

Leabhar

Cupa

Modhail

Speuclairean

Beathach

Ubhal

Ciamar a bhios sinn gan cur seo ann an òrdugh?

leabhar

leòmhan

losgan

litir

leumadair

lìon

Leum

Ciamar?

Dè th'ann am...

“Mìneachadh”?

'S e mìneachadh **abairt no seantans** a tha **a' toirt mìneachadh** air facail.

Geama – Dè am facal?

Cuir do làmh suas ma tha beachd agad.



Gàidhlig Ghleusta!

Tha faclan ag atharrachadh bho àm gu àm...

An lorg sinn faclan mar seo san fhaclair?

- bhùth → thoir air falbh 'h' → bùth
- t-aimsir → thoir air falbh 't-' → aimsir
- dh'fhàg → thoir air falbh 'dh' - h' → fàg

